

## Foirm tagraidh (YPPF1) Maoin Teaghlaich Euslainteach Òga (YPPF): Cosgaisean siubhail, bith-beò agus/no àite-fuirich do theaghlaichean le naoidhein, clann agus daoine òga fo aois 18 ann an cùram euslainteach san ospadal

Is e maoin Riaghaltas na h-Alba a th' ann an YPPF a chaidh a dhealbhadh gus taic a thoirt do phàrantan/prìomh luchd-cùraim, agus clann eile aca fo aois 18 a tha nan cois, leis na cosgaisean co-cheangailte ri tadhal air euslainteach òg fo aois 18 san ospadal.

### Dè na Cosgaisean a Dh'fhaodte Iarraidh

- **Còmhdhail** – Bu chòir cosgaisean còmhdhail phoblaich a bhith air am pàigheadh air ais gu h-iomlan airson suas ri aon turas dà-shlighe gach latha airson gach neach-iarrtais agus clann sam bith eile suas gu 18 bliadhna a dh'aois a tha nan cois, nuair a thèid cuidhtean a shealltainn. Chan fhaighear ach siubhal clas àbhaisteach air ais. Cha tèid beachdachadh air siubhal tagsaidh ach ann an cuid de shuidheachaidhean, me mura h-eil còmhdhail phoblach ri fhaighinn no a rèir suidheachadh meidigeach neach-tadhail. Feumaidh siubhal tagsaidh a bhith air aontachadh le luchd-obrach clionaigeach ron turas. Thèid tabhartasan mu choinneamh cosgais connaidh a phàigheadh air ais aig an reat mhiltean àbhaisteach\* gach mìle airson suas ri aon turas càir dà-shlighe gach latha airson gach neach-iarrtais, nuair a bhios iad a' siubhal chun ospadal leotha fhèin air an aon latha. Ma bhios a h-uile neach-iarrtais a' siubhal còmhla, cha bu chòir ach cosgais aon turas dà-shlighe a phàigheadh air ais.
- **Biadh is bith-beò** – Faodar suas gu £8.50 gach neach-tadhail airidh iarraidh gach latha airson biadh is deoch seach deoch làidir. Faodar biadh is bith-beò a cheannach taobh a-muigh àrann an ospadail.
- **Pàirceadh** - Faodar cosgaisean pàirceadh càir fhaighinn air ais gu h-iomlan nuair a thèid cuidhtean a shealltainn.
- **Àite-fuirich** - Ann an suidheachadh fìor shònraichte far nach eil àite-fuirich ri fhaighinn san ospadal, thèid tabhartas a dh'ionnsaigh cosgaisean reusanta àite-fuirich a phàigheadh air ais.

\*Tha an reat ath-phàighidh stèidhichte air Ìre Comhairleachaidh Connaidh HMRC. Gheibhear seo aig: <https://www.gov.uk/government/publications/advisory-fuel-rates>.

### A' cur a-steach iarrtas

Tha foirm YPPF(1) an cois seo, dh'fhaodte gum faighear foirmichean eile bho uàrdan ospadail, clionaigean agus oifisean airgid no airson an luchdachadh a-nuas. Bu chòir aon neach-iarrtais am foirm a lìonadh agus bu chòir a shoighneadh agus a dhearbhadh mar a tha ga mhìneachadh air an fhoirm. Tha seo a' gabhail a-steach teisteanas bho phroifeiseantach meidigeach iomchaidh a tha a' toirt cùram do phàiste no do neach òg. Faodaidh daoine iarrtasan fa leth a dhèanamh no faodaidh aon neach iarrtas a dhèanamh airson a h-uile neach-tadhail airidh a' cleachdadh aon fhoirm me faodaidh màthair iarrtas a chur a-steach às a leth fhèin, agus an t-athair agus bràthair/piuthar euslainteach òg.

Faodar iarrtas a chur a-steach mean air mhean fhad 's a tha euslainteach san ospadal (me gach seachdain) no gu h-iomlan airson na h-ùine gu lèir, nuair a gheibh an t-euslaintich a-mach às an ospadal far a bheil iad a' faighinn leigheas.

Feumar iarrtas a chur a-steach taobh a-staigh trì mìosan bho gheibh an t-euslainteach a-mach às an ospadal. Cha tèid beachdachadh air iarrtas airson ath-phàigheadh taobh a-muigh na h-ùine seo ach ann an suidheachaidhean fìor shònraichte.

**Nuair a thèid na foirmean a lìonadh feumar an cur don oifis-airgid san ospadal frithealaidh airson ath-phàigheadh.**

Gheibhear teirmichean is cumhaichean iomlan na maoin aig <https://www.mygov.scot/young-patients-family-fund-terms-conditions>



# FOIRM IARRTAIS YPFF (1)

## EARRANN 1: FIOSRACHADH PEARSANTA: RI LÌONADH LE (NO ÀS LETH) AN NEACH-IARRTAIS

AINM AN EUSLAINTICH ((Mura h-eil ainm air an naoidhean sgrìobh Sloinneadh an Naoidhein)

AOIS AN EUSLAINTICH AIG ÀM INNTRIGIDH DON OSPADAL:

LATHA-BREITH euslaintich:

CUIR TIOG MA THA AN T-IARRTAS A THAOBH TADHAL AIR NAOIDHEAN GA LEIGHEAS ANN AN IONAD ÙR-BHREITH

AINM NEACH-IARRTAIS:

SEÒLADH NEACH-IARRTAIS:

CÒD-PUIST:

ÀIREAMH FÒN CONALTRAIDH:

DÀIMH RI EUSLAINTEACH: pàrant/prìomh neach-cùraim  bràthair/piuthar fo 18  uiread

(Ma thathas a' dèanamh iarrtas airson barrachd air aon neach-tadhail airidh cuir tiog air gach fear a bhuineas agus innis àireamhan phàrantan/luchd-cùraim agus/no bràithrean is peathraichean a tha a' dèanamh iarrtas)

FIOSRACHADH BANCA (na lìon mura h-eil thu ag iarraidh do phàigheadh le Tar-chur Banca agus is urrainn don ospadal a leithid a dhèanamh.)

AINM(EAN) AIR A' CHUNNTAS BANCA:

AINM BANCA/COMANN TOGALAICH:

CÒD-SEÒRSACHAIDH BANCA:

ÀIREAMH CUNNTAIS BANCA/COMANN TOGALAICH:

## EARRANN 2: FIOSRACHADH EUSLAINTICH: RI LÌONADH LE (NO ÀS LETH) AN NEACH-TAGRAIDH

OSPADAL GA FHRITHEALADH:

ÀIREAMH/AINM UAIRD:

AINM ÀRD-DHOTAIR (ma tha sin iomchaidh):

CEANN-LATHA DOLA-STEACH

UAIR DOLA-STEACH:

CEANN-LATHA FAIGHINN A-MACH:

UAIR FAIGHINN A-MACH:

(Ma bhios seo iomchaidh)

(Ma bhios seo iomchaidh)

## EARRANN 3: CEADACHADH: RI LÌONADH LE LUCHD-OBRACH AN OSPADAIL

Tha mi a' dearbhadh gu bheil/robh an t-euslainteach a tha ainmichte gu h-àrd a' fuireach a-staigh san ospadal seo air na làithean ainmichte ann an Earrainn 2:

Ainm-sgrìobhte:

Ainm air a phriontadh:

Tìotal-obrach:

Deit:

Ainm-sgrìobhte neach-obrach ospadail ùghdarraichte:



## EARRANN 5: DEARBHADH AGUS AINM-SGRÌOBHTE (NO ÀS LETH) AN NEACH-IARRTAIS

Tha mi a' dearbhadh gu bheil mi air na Riaghailtean Siubhail is Bith-beò agus na cumhaichean fon bheil mi ag iarraidh nan cosgaisean seo a leughadh agus a thuigsinn. Tha mi a' dearbhadh gu bheil an t-iarrtas seo a' cumail ris na riaghailtean agus na cumhaichean sin. Tha mi a' dearbhadh gur mise am pàrant/prìomh neach-cùraim no bràthair/piuthar fo aois 18 aig naoidhean, pàiste no neach òg a tha a' faighinn cùram euslaintich no air cùram fhaighinn mar a tha minichte san fhoirm seo agus a' cur an cèill gu bheil am fiosrachadh a thug mi seachad air an fhoirm seo ceart agus coileanta agus nach eil mi air iarrtas a dhèanamh ann an àite eile airson nan cosgaisean a tha air am mìneachadh san fhoirm seo.

Tha mi a' tuigsinn ma bheir mi seachad fiosrachadh is fios agam gu bheil e ceàrr gum faodadh seo leantainn gu cùis-lagha agus gum faodainn a bhith buailteach do chasaid agus imeachdan catharra ath-ghabhail. Tha mi a' toirt cead do dh'fhiosrachadh fhoillseachadh bhon fhoirm seo gu agus le NHS na h-Alba agus Seirbheisean an-aghaidh Foill airson an t-iarrtas seo a dhearbhadh agus airson foill a sgrùdadh, a chasg, a lorg agus a chur fo chasaid.

Ainm-sgrìobhte:

Deit:

L	L	M	M	B	B	B	B
---	---	---	---	---	---	---	---

FEUMAR IARRTASAN A CHUR A-STEACH TAOBH A-STAIGH TRÌ MÌOSAN BHO GHEIBH AN T-EUSLAINTeach A-MACH ÀS AN OSPADAL AGUS A THOIRT DON OIFIS-AIRGID SAN OSPADAL FRITHEALaidH.

## EARRANN 6: AIRSON NA H-OIFIS A-MHÀIN

Tha mi air an t-iarrtas seo a sgrùdadh mar a tha air a liostadh gu h-àrd agus le seo tha mi a' ceadachadh pàigheadh de £

Ainm-sgrìobhte:

Tìotal-obrach:

Deit:

L	L	M	M	B	B	B	B
---	---	---	---	---	---	---	---